

Iolaire 100

Margaret Ferguson

Thoir sùil air na deilbh a tha mu chuairt ort sa ghailearaidh – ‘s air na daoine a th’ annta. Pheant an neach-ealain, Margaret Ferguson, iad o dheilbh-camara de na daoine: na daoine a bha air bòrd an t-*Iolaire* nuair a chaidh i air na creagan air 1^{mh} am Faoilleach 1919.

Tha thu air do chuirteachadh le ceud dealbh – aon airson gach bliadhna bho thachair an tubaist. Fhuair aon no dha dhe na daoine sna deilbh às an tubaist beò. Ach tha an àireamh iomlan de na deilbh fhathast nas lugha na leth dhen àireamh a chaochail: dà cheud ‘s a h-aon.

Le bhith a’ peantadh nan daoine, tha Margaret gan onarachadh. Tha i ag iarraidh ar n-aire a thoirt thuca agus gun coimhead sinn a dh’aodainn nam muinntir sin a bha anns an tubaist, gus ceangal a dhèanamh riutha. Seo agaibh cuid de na gnìomhachdan a dh’fhaodas tu a dhèanamh – faodaidh tu cuid dhiubh, no a h-uile h-aon dhiubh, a dhèanamh ann an òrdugh no mar a thogras tu.

Fhad 's a choisicheas tu mu chuairt, air do chuairteachadh le na daoine seo, faodaidh tu leughadh na h-ainmeanan agus na h-aoisean aca. Tagh aon de na dealbh agus coimhead ris gu mionaideach.

Cò a thagh thu?

Carson a thagh thu an dealbh seo?

Dè a tha thu a' smaoinichadh a bhiodh air còrdadh ris, no nach còrdadh ris? (m.e. biadh no cuir-seachadan.)

Dèan dealbh nad inntinn air na rudan a bha sònraichte mu dheidhinn. (An robh e làidir no èibhinn; am b' urrainn dha ionnsramaid a chluich?)

Nam biodh sibh air coinneachadh, cò mu dheidhinn a bhiodh sibh air bruidhinn?

Cò a tha thu a' smaoinichadh a bha a' feitheamh ris aig a dhachaigh?

Dè a tha thu a' faireachdainn nuair a tha thu a' coimhead ris an dealbh aige?

Seo mapa de Leòdhas – cuir comharra air a’ mhapa far a bheil thu fhèin a’ fuireach, no san àite às a bheil do theaghlach, no far a bheil thu a’ tadhal..



Nuair a choimheadas tu ri na deilbh seo agus am fiosrachadh a tha leotha, chì thu gu bheil na h-àiteachan dham buineadh na daoine air an comharrachadh.

Cò a b’ fhaisg a bha a’ fuireach air do chomarra fhèin?

Dè an sgìre san robh an àireamh a bu mhotha de na daoine?

An urrainn dhut an duine as òige a lorg, agus cò às a bha e?

Tha Margaret air peantadh na deilbh seo o dheilbh-camara de na daoine. Tha i ag oidhirpeachadh air beachd de na daoine fhaighinn sna deilbh. Tha i a' cleachdadh dathan eadar-dhealaichte agus diofar chomharran airson nan dealbh a chruthachadh.

'S e deilbh de dhaoine a th' anna uile, ach tha iad uile eadar-dhealaichte.

Cleachd an sgàthan agus na peansailean a chaidh an toirt dhut airson dealbh a dhèanamh dhìot fhèin.

A bheil thu a' faicinn gu dè a tha gad dhèanamh coltach ri na daoine sna deilbh, ach eadar-dhealaichte – gur e neach air leth th' annad?

Tha e duilich nuair a tha neach air leth air a chall o theaghlach no o choimhearsnachd. Ach bha call cho mòr ri seo de dhaoine anns a' choimhearsnachd seo, na thubaist cho mòr 's gun tug e buaidh air a h-uile neach a bha a' fuireach an seo; agus dh'atharraich e cruth agus cùrsa iomadach beatha agus eadhon eachdraidh nan eilean.

'S ann air an adhbhar seo a tha sinn a' cuimhneachadh air an t-*Iolaire*, agus mar a theid an ùine seachad, tha sinn a' cumail grèim air na cuimhneachain sin.

Feuch do shùilean a dhùnadh a-nis agus cuimhneachadh air cuid de na h-aodainn ann an deilbh Margaret – 's dòcha gu bheil ìomhaighean cuid dhe na daoine a-nis nad chuimhne – tha pàirt agadsa dhen sgeulachd seo a-nis.

Nuair a dh'fhagas tu an gailearaidh an-diugh, giùlainidh tu ìomhaighean nan daoine seo leat, no aon de na h-ainmeanan aca, no dealbh eile, no pìos fiosrachadh. Anns an dòigh seo, tha sinn a' cumail cuimhneachan nan daoine seo beò.

Tapa leat airson compàirt a ghabhail agus gun tug thu sùil mhionaideach air an taisbeanadh seo aig An Lanntair.